



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

PLANA RO- INNLEACHDAIL COIMISEAN FEARAINN NA H-ALBA 2026-29

DAOINE, ÀITE AGUS
COTHROM



Contents

3	Ro-ràdh
5	Ar Buidheann
5	Ar Raon-dleastanais
6	Riaghlachas
7	An Co-theacsa
9	Ar Ro-innleachd
9	Ar Lèirsinn
9	Ar Toraidhean
9	Ar Prìomhachasan
14	Fòcas nan Coimiseanairean
14	Coimiseanairean an Fhearainn
15	Coimiseanair Tuathanachais Màil
15	Coimiseanair an Fhearainn agus nan Coimhearsnachdan
16	Mar a libhrigeas sinn
17	Buidheann àrd-choileanaidh
18	Ro-innleachd ionmhais
18	Sgrùdadh coileanaidh

Ro-ràdh

Tha plana ro-innleachdail Coimisean Fearainn na h-Alba airson nan trì bliadhna a tha romhainn stèidhichte gu daingeann san iarrtas airson adhartas leantainneach le pròiseas Ath-leasachadh Fearainn, mar a tha air a chur an cèill anns an reachdas ùr agus ann am beachdan agus gnìomhan choimhearsnachdan air feadh na h-Alba.

An-uiridh, chuir Pàrlamaid na h-Alba Achd Ath-leasachaidh Fearainn (Alba) 2025 an gnìomh, agus feumar a ceumannan a chur an gnìomh a-nis ann an deagh àm agus gu h-èifeachdach. Bidh làn-phàirt aig Coimisean Fearainn na h-Alba anns an sin, gu h-àraidh tro na gnìomhan ùra aig Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan, a tha a' gabhail a-steach sùil a chumail air an dleastanas èigneachail conaltradh coimhearsnachd a chumail airson gabhaltasan fearann mòra. Bheir sinn comhairle cuideachd air buileachadh nas fharsainge den Achd a thaobh gabhaltasan fearainn mòra agus seòlan tuathanachais màil. Tha an Achd a' cur ri raon-obrach a' Choimisein agus tha sinn an dùil na h-iarrtasan ùra sin a choileanadh gu h-èifeachdach.


A bharrachd air seo, tha fios againn bhon chomhradh poblach againn tron iomairt Scotland Futures a ghabh sinn os làimh ann an 2025 gu bheil àrd-amas ann fhathast gum bi ath-leasachadh fearainn a' dol nas fhaide, agus sin a dhèanamh tro shreath cho-òrdanaichte de ath-leasachaidhean a chuidicheas le bhith a' togail soilleireachd agus misneachd.

Tha ar plana ro-innleachdail airson 2026-29 a' mìneachadh fòcas agus prìomhachasan a' Choimisein airson nan gnìomhan sin. A bharrachd air a

bhith a' cuideachadh le bhith a' cur an Achd an gnìomh, cuiridh sinn fòcas air cothroman ùra fhosgladh do dhaoine gus fearann a shealbhachadh, a thoirt air màl no a chleachdadh; dàta fearainn a neartachadh gus ath-leasachaidhean poileasaidh a chomasachadh; agus follaiseachd, conaltradh agus com-pàirteachadh a leasachadh.

Bho thoiseach na bliadhna seo tighinn, mar thoradh air an reachdas ùr, bidh an Coimisean a' libhrigeadh trì gnìomhan reachdail eadar-dhealaichte mar Choimiseanair. Bidh ar bòrd beag is èifeachdach air a dhèanamh suas de Choimiseanairean Fearainn, Coimiseanair Tuathanachais Màil agus Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan. Ged a tha fòcas agus gnìomhan sònraichte aig gach aon de na dreuchdan seo, bidh na Coimiseanairean ag obair còmhla mar bhòrd colaisteach gus na prìomhachasan a dh'aontaich sinn le Riaghaltas na h-Alba sa phlana seo a libhrigeadh.


Tha na iomadh dòigh anns a bheil fearann ann an Alba fo shealbh agus air a chleachdadh a' toirt cothroman agus dùbhlain dha na coimhearsnachdan againn, don eaconamaidh againn agus do chothroman na dùthcha againn. Thar na h-ùine a tha romhainn, cumaidh sinn oirnn ag obair ann an dòigh fhosgailte, cho-obrachail agus àrd-amasach gus a' chuid as fheàrr fhaighinn à fearann na h-Alba airson ar daoine agus ar àiteachan air fad.



Michael Russell
Cathraiche



Hamish Trench
Ceannard



“Tha na iomadh dòigh anns a bheil fearann ann an Alba fo shealbh agus air a chleachdadh a’ toirt cothroman agus dùbhlain dha na coimhearsnachdan againn, don eaconamaidh againn agus do chothroman na dùthcha againn.”

Ar Buidheann

Cò sinne agus dè nì sinn

Ar Raon-dleastanais

Tha An Coimisean air a dhèanamh suas de Choimiseanairean an Fhearainn, Coimiseanair Tuathanachais Màil agus Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan.* Tha na gnìomhan aca air an stèidheachadh san lagh.

Is iad seo gnìomhan Choimiseanairean an Fhearainn, air cùis sam bith a tha co-cheangailte ri fearann ann an Alba:

- > gus atharrachaidhean a mholadh air lagh no poileasaidh sam bith,
- > gus fianais a chruinneachadh,
- > gus rannsachadh a dhèanamh,
- > gus aithisgean ullachadh,
- > gus fiosrachadh agus stiùireadh a sholarachadh

Tha na ‘cùisean co-cheangailte ri fearann’ a tha fo raon obrach Choimiseanairean an Fhearainn air am mìneachadh gu farsaing ann an reachdas mar a bhith a’ gabhail a-steach seilbh agus còraichean eile ann am fearann, riaghladh agus cleachdadh fearainn agus ro-innleachd cleachdadh fearainn.

Tha Achd Ath-leasachaidh Fearainn 2025 a’ cur barrachd chùisean sònraichte ris mar a leanas:

- > buaidh mhargaidhean calpa nàdarra a thaobh chùisean eile co-cheangailte ri fearann ann an Alba;
- > an dàimh eadar sgèile agus dùmhachd fhearainn agus leasachadh eaconamach ionadail;
- > cho ion-mhiannaichte ’s a tha e pàtran nas eadar-mheasgte de shealbh

fearainn a choileanadh anns a bheil barrachd luchd-seilbh fearainn agus diofar sheòrsaichean de luchd-seilbh fearainn;

- > ceumannan gus casg a chur air dì-dhaonachadh agus taic a thoirt do ath-dhaonachadh fearainn agus seasmhachd choimhearsnachdan.

Tha sreath de dhleastanasan aig Coimiseanair Tuathanachais Màil a tha air an stèidheachadh ann an reachdas gus taic a thoirt do dheagh dhàimhean eadar uachdarain agus luchd-gabhail ghabhaltasan àiteachais agus ghabhaltasan beaga fearainn. Tha iad sin a’ gabhail a-steach ullachadh agus adhartachadh Chòdan Cleachdaidh agus rannsachaidhean a dhèanamh mu bhrisidhean mas fhìor air na Còdan Cleachdaidh.

’S e dreuchd ùr a th’ ann an Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan le gnìomhan a chaidh a chruthachadh le Achd Ath-leasachaidh Fearainn (Alba) 2025 a tha a’ buntainn ri gabhaltasan mòra fearainn. ’S e dreuchd phoblach a th’ ann agus bidh iad na bhall de bhòrd a’ Choimisein aon uair ’s gu bheil iad air a chur an dreuchd, agus tha sinn an dùil gum bi sin san earrach 2027. ’S iad na gnìomhan an dleastanas conaltraidh coimhearsnachd a chuir an gnìomh airson fearann mòr, a’ gabhail a-steach Planaichean Riaghlaidh Fearainn, agus comhairle a thoirt do Mhinistearan mu cho-dhùnidhean crannchuir ann an deuchainn gluasaid airson gabhaltasan fearann mòr.

* Tha iomraidhean sa phlana air Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan agus na gnìomhan aca buntainneach bhon àm a thèid an cur an dreuchd agus a thig na ceumannan reachdail iomchaidh gu buil.

“Tha daoine airson ceangal a dhèanamh ris an fhearann mun cuairt orra, a chumadh agus buannachd fhaighinn às.”

Riaghlachas

Le bhith ag obair còmhla mar Choimisean, bidh sinn a’ libhrigeadh nan gnìomhan seo ann an dòigh cho-òrdanaichte a tha a’ toirt taic do mhiannan Mhinistearan na h-Alba airson fearann na h-Alba ann a bhith a’ leasachadh an eaconamaidh, a’ dèiligeadh ris an èiginn gnàth-shìde agus a’ libhrigeadh sheirbheisean poblach àrd-inbhe agus seasmhach.

Ann a bhith a’ coileanadh dhleastanasan reachdail nan Coimiseanairean, bidh sinn a’ toirt comhairle neo-eisimeileach do luchd-ùidh, do Riaghaltas na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba.

Tha Coimiseanairean an Fhearainn, Coimiseanair nan Tuathanachasan Màil agus Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan còmhla a’ cruthachadh bòrd a’ Choimisein. Tha ar n-inbhe mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil a’ dèanamh cinnteach gu bheil sgrùdadh Mhinistearach air a mhaidseadh ri neo-eisimeileachd obrachaidh agus cunntachalachd bòrd neo-ghnìomhach. Tha sgioba bheag de luchd-obrach aig a’ Choimisean (18.4 FTE ann an 2026/27) a’ toirt còmhla eòlas ann am poileasaidh, rannsachadh, comhairle agus cosnachadh, cleachdadh fearainn, tuathanachas màil, conaltradh agus riaghladh corporra.

An Co-theacsa

Tha fearann aig cridhe eaconamaidh, dearbh-aithne agus choimhearsnachdan na h-Alba. Tha na dòighean anns a bheil e air a shealbhachadh agus air a chleachdadh a’ cumadh beatha làitheil, bho thaigheadas, bun-structar agus leasachadh coimhearsnachd gu biadh, nàdar, gnìomh gnàth-shìde agus raointean uaine. Air feadh Alba dhùthchail agus bailteil, tha daoine airson ceangal a dhèanamh ris an fhearann mun cuairt orra, a chumadh agus buannachd fhaighinn às.

Chaidh a’ Choimisean a stèidheachadh ann an 2017 agus thar nan naoi bliadhna bhon uair sin tha iad air raon farsaing de mholaidhean fhoillseachadh airson ath-leasachaidhean air poileasaidh agus lagh, le taic bho chruinneachadh mòr de rannsachaidh agus fianais. Tha sinn air prògram comhairleachaidh a stèidheachadh, a’ libhrigeadh comhairle agus stiùireadh air deagh chleachdadh do choimhearsnachdan, luchd-seilbh fearainn, manaidsaran fearainn agus comhairlichean proifeasanta. Tha am prògram seo a’ toirt taic do dhaoine gus Aithris Chòraichean is Dhleastanasan Fearainn na h-Alba a chur an gnìomh, a’ cuideachadh le bhith a’ libhrigeadh dhàimhean agus thoraidhean nas fheàrr.

Tha Achd Ath-leasachaidh Fearainn (Alba) 2025 a’ toirt dhleastanasan mòra a bharrachd don Choimisean, gu h-àraidh a thaobh nan gnìomhan ùra aig Coimiseanair Fearainn is Choimhearsnachdan agus a’ leudachadh raon Coimiseanair Tuathanachas Màil. Bidh am plana ro-innleachdail seo na àm atharrachaidh fhad ‘s a thèid an Coimiseanair ùr a chur an dreuchd agus fhad ‘s a thòisicheas an Coimisean air na gnìomhan ùra a libhrigeadh agus air taic a thoirt don riaghaltas ann a bhith a’ cur na h-Achd 2025 an gnìomh ann an deagh àm.

Tha ath-leasachadh fearainn air a bhith air a chur an cèill mar phrìomhachas cunbhalach ann am Pàrlamaid na h-Alba bho chaidh cumhachd a thoirt seachad ann an 1999, agus tha sin follaiseach ann an sreath de dh’Achdan agus prìomhachasan poileasaidh.

Rè 2025/26, rinn a’ Choimisean conaltradh farsaing air na ceumannan a leanas airson turas ath-leasachaidh fearainn na h-Alba tron iomairt againn, ScotLand Futures. Thàinig dà theachdaireachd làidir am follais, iarrtas airson tuilleadh atharrachaidh agus miann airson barrachd soilleireachd agus misneachd anns mar a thèid ath-leasachaidhean a libhrigeadh ann am prògram aonaichte.

Tha sinn dealasach a thaobh cur ri libhrigeadh ath-leasachadh seirbheis phoblaich le Riaghaltas na h-Alba. Mar bhuidheann phoblach bheag, cumaidh sinn oirnn a’ sireadh èifeachdais agus ùr-ghnàthachaidh nar modail obrachaidh cosg-èifeachdach fhèin a bhios a’ libhrigeadh trì gnìomhan reachdail Coimiseanair agus bheir sinn comhairle air ath-leasachaidhean siostaman fearainn nas fharsaing a dh’fhaodas barrachd luach is libhrigeadh poblach fhuasgladh.

Ann a bhith a’ leasachadh ar plana ro-innleachdail, tha sinn air brath a ghabhail air conaltradh leis a’ phoball thar na bliadhna a dh’fhalbh, air bùth-obrach le luchd-ùidh a chumail agus air sgrùdadh a dhèanamh air beachdan luchd-ùidh a thug beachdan agus smuaintean bho raon farsaing de sheallaidhean gus ar dòigh-obrach agus ar prìomhachasan a stiùireadh.

Ann a bhith a’ mìneachadh ar ro-innleachd airson 2026-29 tha sinn:

- a’ togail air eòlas a’ Choimisein agus air corp ar n-obrach fhoillsichte gu ruige seo;
- ag ullachadh airson na gnìomhan ùra a tha air an suidheachadh ann an Achd Ath-leasachaidh Fearainn (Alba) 2025 a chur an gnìomh agus taic a thoirt do Riaghaltas na h-Alba ann a bhith a’ cur an Achd an gnìomh nas fharsaing;
- ag amas air ath-leasachaidhean a ghabhas libhrigeadh a chumadh agus a chumail suas air mar a tha fearann air a shealbhachadh agus air a chleachdadh.



“Tha seilbh agus cleachdadh fearainn a’ toirt taic do dhaoine agus àiteachan soirbheachail air feadh na h-Alba.”

Ar Ro-innleachd

Ar Lèirsinn

Tha seilbh agus cleachdadh fearainn a’ toirt taic do dhaoine agus àiteachan soirbheachail air feadh na h-Alba



Ar Toraidhean

Bidh sinn ag obair a dh’ionnsaigh nan toraidhean seo a chuidicheas le bhith a’ cruthachadh siostam fearainn a tha cothromach, freagarrach airson ar linn agus a tha a’ giùlan earbsa a’ phobaill:



TORADH 1

Cothroman fearainn ùra – tha cothroman ann airson barrachd dhaoine fa leth, choimhearsnachdan agus ghnìomhachasan fearann a shealbhadh, a ghabhail air aonta no a chleachdadh tro raon de ghabhaltasan.

TORADH 2

Ath-chothromachadh cumhachd seilbh fearainn – tha dùmhlachd seilbh fearainn agus a bhuidhean a’ lùghdachadh;

TORADH 3

A’ cumadh atharrachadh cleachdadh an fhearainn gu ionadail – tha coimhearsnachdan ionadail misneachail gun urrainn dhaibh buaidh a thoirt air co-dhùnidhean cudromach mun fhearann aca agus buannachd fhaighinn bhuapa.

Ar Prìomhachasan

Is iad seo na prìomhachasan againn ann an 2026-29 airson a’ Choimisein:

- > A’ toirt taic do chur an gnìomh Achd 2025 ann an deagh àm agus gu h-èifeachdach
- > A’ fosgladh cothroman fearainn ùra
- > A’ leasachadh dàta fearainn
- > Follaiseachd, conaltradh agus com-pàirteachadh



Tha an earrann seo a’ mìneachadh, airson gach prìomhachas, dè a’ bhuidh a tha san amharc, mar dh’obraicheas sinn oirre agus dè tha sinn an dùil a dhèanamh ro 2029.



A' toirt taic do chur an gnìomh Achd 2025 ann an deagh àm agus gu h-èifeachdach

A' cur an gnìomh gnìomhan ùra Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan agus gnìomhan atharraichte Choimiseanairean an Fhearainn agus Coimiseanair Tuathanachais Màil.

Is e a' bhuaidh a tha san amharc na buannachdan adhartach a tha am pàrlamaid an dùil a thoirt gu buil anns na ceumannan a tha a' dèiligeadh ri gabhaltasan fearann mòr, a' toirt gabhaltasan fearann beag fo raon Coimiseanair Tuathanachais Màil agus na h-atharrachaidhean air dreuchd Choimiseanairean Fearainn a' gabhail a-steach an dleastanas ath-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh Pàirt 1 den Achd taobh a-staigh còig bliadhna bho bhith air a chur an gnìomh.

Nì sinn seo le bhith a' leasachadh an dòigh-obrach obrachaidh airson gnìomhan Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan a thaobh an dleastanas conaltraidh coimhearsnachd agus deuchainn gluasaid; a' toirt taic don ghoireas a tha riatanach airson gnìomhan Coimiseanair Tuathanachais Màil agus a' comhairleachadh Riaghaltas na h-Alba mu bhith a' cur an Achd an gnìomh san fharsaingeachd.

Ro 2029 tha sinn ag amas air:



- ✓ Dreuchd agus dòigh-obrach obrachaidh Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan a stèidheachadh;
- ✓ A bhith ro-ghnìomhach ann a bhith a' toirt taic do ghabhaltasan beaga fearainn tro dhleastanas Coimiseanair Tuathanachais Màil;
- ✓ Fiosrachadh bunaitich agus an dòigh-obrach a stèidheachadh airson ath-sgrùdadh san àm ri teachd le Coimiseanairean Fearainn air buaidh Pàirt 1 den Achd mar a tha riatanach fon reachdas;
- ✓ Comas agus deisealachd taiceil a bhith againn am measg choimhearsnachdan, luchd-seilbh fearainn agus manaidsèaran gus a' chuid as fheàrr fhaighinn às na ceumannan ùra;
- ✓ Comhairle a thoirt seachad air agus tòiseachadh air reachdas dàrnach a chleachdadh gus an dleastanas conaltraidh coimhearsnachd, fios ro-làimh agus deuchainn gluasaid a chur an gnìomh.



A' fosgladh cothroman ùra airson fearann

A' toirt taic do dhòighean anns am bi daoine fa leth agus coimhearsnachdan comasach air fearann a shealbhadh, gabhail air aonta, no a chleachdadh, gu h-àraidh gabhaltasan fearann air sgèile bheag.

'S e a' bhuaidh a tha san amharc ath-shluaghadh is taigheadas a chomasachadh ann an sgìrean dùthchail, seilbh a dhèanamh nas iomadaiche, ruigsinneachd gu tuathanachas a chuideachadh, ath-nuadhachadh is leasachadh coimhearsnachd a bhrosnachadh.

Nì sinn seo tro chomhairle air poileasaidh agus cleachdadh, a' toirt taic do dhòighean air cothroman a lìbhrigeadh tro fhearann poblach, prìobhaideach agus coimhearsnachd.

A bharrachd air dòighean reachdail, cuiridh sinn taic ri dòighean neo-reachdail airson lìbhrigeadh tro mheasgachadh de mhodalan riaghlaidh agus gabhaltais, a' gabhail a-steach seilbh, modalan co-obrachail, màil agus aontaidhean eile.



Ro 2029 tha sinn ag amas air:



- ✓ Comhairle a thoirt seachad air màil modail èifeachdach airson adhbharan àrainneachdail agus sùil a chumail air mar a thèid a thoirt a-steach;
- ✓ Stiùireadh fhoillseachadh air cruthachadh gabhaltasan fearainn bheag ùr;
- ✓ A bhith air obrachadh le com-pàirtichean gus cothroman ùra a chruthachadh airson ruigsinneachd gu fearann beag ann an diofar chruthan gabhaltas;
- ✓ Fiosrachadh a thoirt do lèirmheas Riaghaltas na h-Alba air reachdas croitearachd;
- ✓ Ceannardas roinne cruinnichte a bhith againn gus cothroman a mheudachadh ann an roinn nan tuathanachasan màil;
- ✓ Cur ri lìbhrigeadh togail beairteas coimhearsnachd le bhith a' toirt taic do bhuidhnean acaire anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus treas aig a bheil fearann gus cothroman ùra a chruthachadh.

A' leasachadh dàta fearainn

A' cruthachadh siostam dàta fearainn nas aonaichte, a' leasachadh càileachd dàta, co-obrachadh agus ruigsinneachd air dàta mu shealbh, luach agus cleachdadh fearainn.

Is e a' bhuidhneachd a tha san amharc follaiseachd nas fheàrr agus dàta nas ruigsinniche airson a chur gu feum ann an cleachdadh agus gus ath-leasachaidhean poileasaidh poblach a chomasachadh.

Leasaichidh e siostaman dàta bunaiteach a dh'fhosglas roghainnean gus ath-leasachaidhean a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach ath-leasachaidhean cìse is fiosgail.

A bharrachd, cuidichidh e le obair a' Choimisein air àm ri teachd roinn nan tuathanachasan màil, gnìomhan ùra Coimiseanair Fearainn is Choimhearsnachdan agus ath-sgrùdadh san àm ri teachd air buaidh Achd 2025.

Nì sinn seo le bhith a' cruinneachadh co-obrachadh eadar prìomh bhuidhnean poblach, a' toirt seachad rannsachadh, fianais agus mion-sgrùdadh gus ceumannan practaigeach a chumadh a bhios ag obair a dh'ionnsaigh siostam fiosrachaidh fearainn nas aonaichte.



Ro 2029 tha sinn ag amas air:



- ✓ Prìomh bhuidhnean poblach a chruinneachadh agus leasachaidhean gearr-ùine practaigeach a chur an gnìomh air cruinneachadh agus ruigsinneachd dàta;
- ✓ Mapa-slighe a leasachadh a ghabhas coileanadh airson ceumannan a ghabhas lìbhrigeadh a dh'ionnsaigh amas siostam fiosrachaidh fearainn nas amalaichte;
- ✓ Dàta nas fheàrr fhaighinn gus taic a thoirt do leasachadh roinn nan tuathanachasan màil;
- ✓ Aithris bhliadhnail leantainneach air margaidh fearainn dhùthchail a bhith againn, a' togail air dàta nan gluasadan agus a' toirt seachad lèirsinn bhliadhnail;
- ✓ Comhairle a thoirt seachad air ceumannan gus an dàta agus na siostaman a tha riatanach a chur an sàs gus taic a thoirt do ath-leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann ann an cìsean fearainn;
- ✓ Dàta agus bun-loidhne a chruinneachadh a tha a dhìth gus fiosrachadh a thoirt seachad airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh cheumannan ath-leasachaidh fearainn, a' gabhail a-steach Pàirt 1 den Achd 2025.



Follaiseachd, conaltradh agus com-pàirteachadh

A' toirt taic do dh'fhollaiseachd èifeachdach ann an seilbh fearainn, conaltradh agus com-pàirteachadh ann an co-dhùnidhean cleachdadh fearainn tro chomhairle agus deagh chleachdadh, an dleastanas reachdail conaltraidh coimhearsnachd agus Planaichean Riaghlaidh Fearainn, agus aithris fhollaiseach.

Is e a' bhuidhneachd a tha san amharc cunntachalachd nas fheàrr ann an seilbh fearainn, com-pàirteachadh ann an co-dhùnidhean agus earbsa nas fheàrr a' phobaill anns an t-siostam fearainn. Tha an obair seo cuideachd ag amas air co-dhùnidhean roinneil is ionadail a neartachadh, a' toirt taic do dheamocrasaidh is riaghladh ionadail.

Nì sinn seo tro chomhairle dhìreach agus conaltradh gus cleachdaidhean a chumadh, a' cur eòlas ri atharrachadh poileasaidh, a' cleachdadh nan ceumannan reachdail ùra ann an Achd 2025 agus a' toirt taic do dheagh chleachdadh thar gach roinn de shealbh fearainn.

Ro 2029 tha sinn ag amas air:



- ✓ Riaghailtean fiosraichte a bhith againn agus a bhith a' cleachdadh riaghailtean èifeachdach airson an dleastanas conaltraidh coimhearsnachd air gabhaltasan mòra;
- ✓ A bhith a' toirt seachad comhairle air an dleastanas conaltraidh coimhearsnachd agus Planaichean Riaghlaidh Fearainn airson gabhaltasan fearann mòra agus a' cur an gnìomh gnìomhan Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan;
- ✓ Fiosrachadh a thoirt do lèirmheas Riaghaltas na h-Alba air Aithris Chòraichean is Dhleastanasan Fearainn agus a bhith a' cleachdadh an aithris ùraichte;
- ✓ Taic a thoirt do chomas choimhearsnachdan, luchd-seilbh fearainn agus manaidsearan gus conaltradh gu h-èifeachdach, tro dhòighean-obrach reachdail agus deagh chleachdadh;
- ✓ Buaidh ar prògram deagh chleachdaidh a leudachadh, a' toirt seachad seirbheis obair-chùise agus aig an aon àm a' toirt taic ghnìomhach dhaibhsan as urrainn dreuchd cheannardais a ghabhail taobh a-staigh roinnean an fhearainn;
- ✓ Ar làthaireachd fhaicsinneach a mheudachadh a' toirt taic do chleachdadh ann an ceann a deas na h-Alba, ann an co-obrachadh le buidhnean eile;
- ✓ Eisimpleirean de dheagh chleachdadh a cho-roinn gus tuilleadh brosnachaidh agus taic a thoirt do leasachadh.

Fòcas nan Coimiseanairean

Còmhla, bidh na Coimiseanairean a' cruthachadh bòrd a' Choimisein agus bidh iad a' libhrigeadh ri chèile tro:



Fianais, mion-sgrùdadh agus molaidhean gus fiosrachadh a thoirt do atharrachaidhean ann an lagh agus poileasaidh



Comhairle agus taic gus cleachdadh làthaireach a chumadh



Ceannardas agus com-pàirteachadh a chruinneachadh gus atharrachadh a chumadh agus a libhrigeadh

Ag obair còmhla, bidh prìomh fhòcas nan Coimiseanairean mar a leanas.

Coimiseanairean an Fhearainn

Ath-leasachaidhean air lagh is poileasaidh – comhairle a thoirt seachad air roghainnean practaigeach gus atharrachadh a thoirt gu buil

Thar nan trì bliadhna a tha romhainn, bidh Coimiseanairean an Fhearainn ag amas air:

Ath-leasachaidhean air lagh is poileasaidh – comhairle a thoirt seachad air roghainnean practaigeach gus atharrachadh a thoirt gu buil

- > A' toirt comhairle air buileachadh Achd 2025, gus èifeachdas nan ceumannan ùra a tha a' riaghladh gabhaltasan fearann mòra a mheudachadh;
- > A' toirt comhairle air dòighean practaigeach gus cothroman ùra fearainn fhosgladh do dhaoine fa leth agus do choimhearsnachdan, gu h-àraidh gabhaltasan fearann air sgèile bheag;
- > A' cruinneachadh agus a' toirt comhairle air leasachaidhean air an t-siostam dàta fearainn;
- > A' toirt comhairle air ath-leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann, a' gabhail a-steach cìsean, àite seilbh fearainn phoblach agus dòighean air dèiligeadh ris an neo-chothromachadh cumhachd a tha an lùib seilbh fearainn dùmhail.

Comhairle agus Deagh Chleachdadh – a' toirt taic do libhrigeadh air an talamh

- > Comhairle agus stiùireadh a' toirt Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba beò agus a' toirt eòlas air ais do ath-sgrùdadh poileasaidh;
- > Sgrùdaidhean cùise agus roinneadh ionnsachaidh gus atharrachadh cultarach deimhinneach a chumadh;
- > A' neartachadh ar làthaireachd ann an ceann a deas na h-Alba.

Coimiseanair Tuathanachais Màil

Cunntachail airson nan gnìomhan reachdail a tha air an stèideachadh anns an Achd 2016 agus air an atharrachadh anns an Achd 2025

Thar nan trì bliadhna a tha romhainn, bidh Coimiseanair Tuathanachais Màil ag amas air:

A' toirt taic do dhàimhean matha eadar uachdarain agus luchd-gabhail air fearann àiteachais agus gabhaltasan fearann beaga

- > A' conaltradh le luchd-ùidh aig gabhaltasan fearainn beaga, a' leasachadh sreath de Chòdan Cleachdaidh is Stiùiridh buntainneach agus a' toirt seachad comhairle air obair-chùise, a' libhrigeadh leudachadh na raon-obrach gus gabhaltasan fearainn beaga a chaidh a stèidheachadh le Achd Ath-leasachaidh Fearainn 2025 a ghabhail a-steach agus a' toirt taic do stèidheachadh gabhaltasan fearainn beaga ùra;
- > A' leasachadh Chòdan Cleachdaidh ùra airson tuathanachasan màil mar a tha riatanach fo Achd Ath-leasachaidh Fearainn 2025 agus a' nuadhachadh is ag ùrachadh nan Còdan Cleachdaidh a th' ann mar-thà, air an stiùireadh le eòlas agus com-pàirteachadh luchd-ùidh;
- > A' toirt comhairle agus stiùireadh mu obair-cùise do luchd-gabhail agus uachdarain;
- > A' coileanadh dhleastanasan reachdail gus neach-luachaidh ainmeachadh ann an suidheachaidhean mìneachaidh;
- > A' toirt taic do dhòigh-obrach meadhanachaidh airson fuasgladh connspaid.

A' cruinneachadh ceannardas na roinne

- > A' cruinneachadh Fòram Comhairleachaidh Tuathanachais Màil le teirmichean iomraidh agus prògram obrach ùraichte gus taic a thoirt do cheannardas na roinne;
- > A' toirt comhairle air cur an gnìomh reachdas agus atharrachaidhean a thathar a' moladh air reachdas no poileasaidh leis an amas roinn nam màladairean a neartachadh.

Coimiseanair an Fhearainn agus nan Coimhearsnachdan

Cunntachail airson nan gnìomhan reachdail ùra a tha air an stèidheachadh anns an Achd 2025

Thar nan trì bliadhna a tha romhainn, bidh a' Choimisean agus Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan, nuair a thèid an cur an dreuchd, ag amas air:

Fastadh agus riaghladh

- > A' toirt taic don phròiseas fastaidh phoblach airson a' Choimiseanair ùir agus a' cur an sàs an riaghladh a-staigh agus an luchd-obrach a bheir taic don Choimiseanair ùr.

Modh-obrach gnìomhach

- > A' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba air an reachdas àrd-sgoile a tha a' buntainn ri gnìomhan Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan;
- > A' leasachadh rèiteachaidhean libhrigidh soilleir is follaiseach mus tòisich gnìomhan a' Choimiseanair ùir;
- > A' comharrachadh agus a' cur an sàs na riatanasan dàta is sgrùdaidh gus taic a thoirt do libhrigeadh èifeachdach dhleastanasan a' Choimiseanair;
- > Conaltradh tràth is cunbhalach le luchd-ùidh air an dòigh-obrach airson na gnìomhan ùra a libhrigeadh.

Mar a lìbhrigeas sinn

Bidh a' Choimisean gu coitcheann a' toirt taic do lìbhrigeadh dhleastanasan nan Coimiseanairean le bhith:

- Fianais, analais agus molaidhean: A' solarachadh fianais, mion-sgrùdadh agus molaidhean gus fiosrachadh a thoirt do atharrachaidhean ann an lagh agus poileasaidh
- Comhairle agus taic: A' solarachadh comhairle agus taic gus cleachdadh a chumadh tro phrògram deagh chleachdaidh agus tro dhleastanasan reachdail Coimiseanair Tuathanachas Màil agus Coimiseanair an Fhearainn agus nan Coimhearsnachdan;
- A' cruinneachadh agus a' gabhail pàirt: A' toirt dhaoine agus bhuidhnean còmhla, a' solarachadh ceannardas gus atharrachadh a chumadh agus a lìbhrigeadh.

Tro ar riaghladh a-staigh, leis a' bhòrd againn air a dhèanamh suas de Choimiseanairean an Fhearainn, Coimiseanair Tuathanachais Màil agus Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan, feuchaidh sinn ri co-obrachadh a thoirt gu buil eadar gnìomhan a' Choimiseanair agus dèanamh cinnteach à loidhnichean cunntachalachd soilleir.

Bidh an ùine planaidh seo na àm atharrachaidh an dà chuid a thaobh ar riaghladh agus ar lìbhrigeadh, leis gu bheil fastadh agus gnìomhan Coimiseanair an Fhearainn agus nan Coimhearsnachdan a' tighinn gu buil thar ùine.

Buidheann àrd-choileanaidh

'S e buidheann phoblach bheag a th' anns a' Choimisean agus tha sinn a' cur luach mòr air a bhith fosgailte, ruigsinneach agus a' dèiligeadh ris a' phoball. Cumaidh sinn oirnn a' coimhead a-mach, a' togail lìonraidhean làidir gus ar n-obair a stiùireadh, ar buaidh a mheudachadh agus cur ri ath-leasachadh na seirbheis phoblaich. Tha sinn a' sireadh sgioba de dhaoine air leth dìcheallach a chumail agus a leasachadh, a' toirt measgachadh de sgilean, eòlas agus seallaidhean don Choimisean.

Bidh na trì bliadhna a tha romhainn na àm atharrachaidh eagrachaidh, leis gu bheil Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan ùr a' tighinn còmhla ris a' bhòrd, agus sinn a' leasachadh ar luchd-obrach agus ar siostaman gus taic a thoirt do na gnìomhan reachdail ùra, agus mar a thòisicheas sinn gan lìbhrigeadh. Tha feum aig seo air dòigh-obrach ro-ghnìomhach a thaobh riaghladh atharrachaidh agus leasachadh na buidhne.

Tha ar prìomhachasan a' gabhail a-steach:

- Ag amalachadh dreuchd ùr Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan a-steach don Choimisean, le rèiteachaidhean riaghlaidh a-staigh ùraichte gus taic a thoirt do cho-obrachadh èifeachdach thar gnìomhan a' Choimiseanair;
- A' leasachadh mar a bhios a' bhòrd ag obair gus am bi Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan a bharrachd agus an lùghdachadh a thathar a' moladh ann an àireamh Choimiseanairean Fhearainn a' nochdadh;
- A' togail sgioba ar luchd-obrach, ar sgilean agus ar comas gus taic a thoirt do lìbhrigeadh dhleastanasan ùra Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan ann an dòigh a thogas air neartan a' Choimisein a th' ann mar-thà;
- A' dealbhadh agus a' cur an gnìomh nan atharrachaidhean agus na leasachaidhean siostaman a tha a dhìth gus taic a thoirt do lìbhrigeadh èifeachdach nan gnìomhan ùra;
- A' toirt taic do chultar buidhne adhartach a tha a' gabhail ri atharrachadh, fios-air-ais agus leasachadh;
- A' cumail suas dàimhean earbsach le luchd-ùidh agus a' conaltradh gu h-èifeachdach mu atharrachaidhean ann an gnìomhan.

Ro-innleachd ionmhais

Tha ar n-obair air a maoineachadh tro thaic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba. Nuair a chaidh Achd Ath-leasachaidh Fearainn aontachadh, dh'aithnich Riaghaltas na h-Alba gum feumadh a' Choimisean barrachd maoineachaidh gus na dleastanasan reachdail a bharrachd a choileanadh, a bharrachd air dùil gun ath-phrìomhachas sinn taobh a-staigh ar goireasan a th' ann mar-thà. Rinn am meòrachan ionmhais a bha còmhla ris a' bhile tuairmse gum biodh na cosgaisean a bharrachd a bhiodh air a' Choimisean nuair a bhios na ceumannan làn-ghnìomhach £470k sa bhliadhna a thaobh Pàirt 1 (gabhaltasan fearainn mòra) agus £169k sa bhliadhna a thaobh Pàirt 2 (tuathanachas màil).

Tha sinn ag ath-phrìomhachasadh taobh a-staigh ar goireasan luchd-obrach a th' ann mar-thà gus tòiseachadh air an obair a tha a dhìth gus na gnìomhan ùra a thoirt gu buil, ach feumaidh a' Choimisean tarraing air goireasan a bharrachd mar a chaidh ainmeachadh gu h-àrd gus an tèid an cur an gnìomh gu h-iomlan. Tha an t-àm airson seo an urra ri clàr-ama cur an gnìomh nan Ministearan airson an Achd. Bidh an fheum air goireasan a' gabhail a-steach an dà chuid taic luchd-obrach agus siostaman corporra a tha riatanach gus gnìomhan ùra Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan a chur an gnìomh gu h-èifeachdach.

Tha sinn a' tuigsinn an dùbhlán a thaobh ghoireasan ann an cosgaisean poblach thairis air na trì bliadhna a tha romhainn agus an fheum air ath-leasachadh seirbheis phoblaich. Tha an ro-innleachd ionmhais againn ag amas air dèanamh

cinnteach gum bi e comasach dhuinn atharrachadh agus airgead a chosg anns an dòigh as fheàrr, a' sireadh roghainnean seirbheis co-obrachail no co-roinnte nuair a bhios sin èifeachdach. Tha nàdar ar dreuchd a' ciallachadh gur e cosgaisean luchd-obrach ar prìomh chosgaisean, ged a tha na gnìomhan reachdail a bharrachd a' toirt buaidh air cosgaisean siostaman cuideachd.

Bidh sinn a' riaghladh ar planadh ionmhais meadhan-ùine le bhith:

a' cumail smachd teann air cosgaisean stèidhichte agus a' sireadh sàbhalaidhean agus/no chothroman airson caiteachas co-obrachail far a bheil sin comasach; ag ath-sgrùdadh mar a bhios sinn a' cleachdadh luchd-obrach agus dreuchdan Choimiseanair mar a bhios dreuchdan bàn ag èirigh; Seirbheis cho-roinnte agus co-shuidheachadh - Tha sinn air cosgaisean na h-oifis againn a lùghdachadh tro cho-shuidheachadh agus cumaidh sinn oirnn a' cleachdadh chothroman seirbheis cho-roinnte far a bheil sin comasach. Ann an 2026/27, tha Riaghaltas na h-Alba air £1.81M a riarachadh do Choimisean Fearainn na h-Alba mar thaic-airgid. Leasaichidh ar roinneadh ghoireasan thar na trì bliadhna mar a thèid gnìomhan ùra Coimiseanair an Fhearainn is nan Coimhearsnachdan a chur an gnìomh.

Sgrùdadh coileanaidh



Thar ùine a' phlana ro-innleachdail, bidh na h-aithisgean bliadhnail againn a' cumail sùil air ar n-adhartas a' cleachdadh nam prìomh chomharran coileanaidh a leanas.

Lìbhrigeadh prìomh chomharran coileanaidh

Cuspair	Comharra	Tùsan dàta
A' cur Achd Ath-leasachaidh Fearainn 2025 an gnìomh	Bun-loidhne na àite airson sgrùdadh achd 2025;	Ri aithneachadh
Cothroman fearainn ùra air an cruthachadh	Cleachdadh modail màil, gabhaltasan fearann beaga ùra agus croitean air aithris	Suirbhidh SLC air riochdairean; Dàta Riaghaltas na h-Alba air croitean agus gabhaltasan fearann beaga;
A' leasachadh dàta fearainn	Barrachd faotaiinneachd agus ruigsinneachd air seataichean dàta poblach ùraichte	Mapadh beàrnan dàta; Aontaidhean obrach thar-roinneil an sàs
Follaiseachd, conaltradh agus com-pàirteachadh	Ro-chonaltradh le gabhaltasan a tha fo raon dleastanas conaltraidh coimhearsnachd	Sgrùdadh ràitheil
Obair-chùise	Àireamh chùisean clàraichte airson Deagh Chleachdadh, TFC agus LCC	Sgrùdadh obair-chùise ràitheil

Daoine chomharran coileanaidh

Sunnd luchd-obrach	Àrdachadh ann an co-roinn an luchd-obrach a tha a' faireachdainn gu bheil an Coimisean a' toirt taic don sunnd aca, gun leughadh sam bith fo 60%	Suirbhidh luchd-obrach
--------------------	--	------------------------

Corporra chomharran coileanaidh

Ionmhas	Buidseat bliadhnail taobh a-staigh fo-chosgais 2%.	Cunntasan bliadhnail
Riaghlachas	% de mholaidhean sgrùdaidh an taobh a-staigh air an crìochnachadh	Aithisg leanmhainn sgrùdaidh bhliadhnail
Saorsa an Fhiosrachaidh	% de dh'iarrtasan FOI air an deach freagairt taobh a-staigh na h-ùine reachdail 20 latha obrach	Sgrùdadh ràitheil

Conaltradh chomharran coileanaidh

Conaltradh	Àrdachadh ann an luchd-clàraidh cuairt-litrichean a' Choimisein	Sgrùdadh ràitheil
Meadhanan sòisealta	Ìre conaltraidh a rèir àrd-ùrlar	Sgrùdadh ràitheil
Buaidh an luchd-ùidh	% de luchd-frithealaidh thachartasan ag aithris tuigse nas fheàrr mar thoradh air a bhith ag obair leis a' Choimisean	Sgrùdadh ràitheil
Buaidh poileasaidh	Àireamh aithisgean/mholaidhean a' Choimisein air an ainmeachadh le Riaghaltas na h-Alba, irisean acadaimigeach agus prìomh luchd-ùidh	Sgrùdadh ràitheil tro sgrùdadh nam meadhanan agus ath-sgrùdadh air aithisgean oifigeil agus pàipearan a' Chomataidh

Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac den sgrìobhainn seo sa Ghàidhlig, cuiribh post-d gu **commsteam@landcommission.gov.scot** no cuiribh fòn gu **01463 423 300**.

If you would like to request a copy of this document in Gaelic, please email **commsteam@landcommission.gov.scot** or call **01463 423 300**.



Scottish Land Commission
Coimisean Fearainn na h-Alba

Scottish Land Commission

An Lòchran

10 Inverness Campus

Inverness

IV2 5NA

info@landcommission.gov.scot

01463 423 300

www.landcommission.gov.scot

© f i y in